


Tha na clàran-fiosrachaид seo a' toirt geàrr-chunntas air an iarrtas airson sgilean Gàidhlig, na th' ann de dhaoine le sgilean Gàidhlig agus air àireamhan ann am foghlam Gàidhlig. Gheibhear na clàran-fiosrachaид seo agus an geàrr-chunntas a tha nan cois ann am Beurla agus Gàidhlig.

## Iarrtas

### Obraichean far a bheil Gàidhlig Riatanach air an Cunntadh a rèir Roinnean


Mar a chithear, 's ann aig na h-Ùghdarrasan Ionadail a tha a' mhòr-chuid de dh'obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach, a thaobh obraichean làn-thide agus pàirt-thide. Tha e buailteach gum bi tòrr de na h-obraichean seo airson tidsearan Gàidhlig, mar chomharra air mar a tha Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) air a dhol am meud.



Bho: sgrùdadh ekosgen air fastaichean (2017).

### Obraichean far a bheil Gàidhlig na Buannachd air an Cunntadh a rèir Roinnean


Mar a chithear, tha ochd obraichean làn-thide far a bheil Gàidhlig na buannachd air an comharrachadh fo 'Eile', tha iad sin aig buidheann creideimh agus gnothachas àiteachais/turasachd. Airson obraichean pàirt-thide far a bheil Gàidhlig na buannachd, 's e Obair Coimhersnachd as cumanta, le 18 obraichean. Mar as trice, bha na daoine a chomharrach iad fhèin mar luchd-obrach a tha an sàs ann an Obair Coimhersnachd ag obair do bhuidhnean san treas roinn.



## Foghlam Gàidhlig

### Àireamhan de sgoilearan bun-sgoile, àrd-sgoile is sgoil-àraich ann am FtG, 2011/12-2016/17


— Sgoilearan bun-sgoile ann am FtG — Sgoilearan àrd-sgoile ann am FtG  
— Sgoilearan sgoil-àraich ann am FtG



Bho: Bòrd na Gàidhlig


### Àireamhan de sgoilearan bun-sgoile is àrd-sgoile ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, 2011/12-2016/17

— Luchd-ionnsachaidh aig ire na bun-sgoile — Luchd-ionnsachaidh aig ire na h-àrd-sgoile



### Atharraichean air an àireimh de dh'oileanaich (Foghlam Àrd-ìre) air cùrsaichean Gàidhlig, 2009/10-2015/16

— A h-uile oileanach air cùrsa Gàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre




Bho: Comhairle Maoineachaidh na h-Alba

## Daoine le Sgilean Gàidhlig

### Àireamh is dùmhachd an t-sluaigh le sgilean Gàidhlig sam bith a rèir gach ùghdarrais ionadail, 2011


Mar a chithear gu h-ìosal, 's iad Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Baile Ghlaschu na tri ùghdarrasan ionadail far a bheil na h-àireamhan as mothu de dhaoine le sgilean Gàidhlig sam bith a' fuidreach.



Bho: Cunntas-sluaigh 2011

### Atharraichean air an àireimh de dh'oileanaich (Foghlam Adhartach) air cùrsaichean Gàidhlig, 2008/09-2015/16

— A h-uile oileanach air cùrsa Gàidhlig ann am Foghlam Adhartach



Bho: Comhairle Maoineachaidh na h-Alba